

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BILEAG ÙR FOGHLAIM GA FHOILLSEACHADH LE BÒRD NA GÀIDHLIG

13 An Dàmhair 2009

Chaidh bileag ùr dà-chànanach a' mìneachadh buannachdan foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig, agus cho soirbheachail sa tha e, fhoillseachadh an diugh (Dimàirt) aig a Mhòd Nàisenata Rìoghail anns an Òban.

Tha Bòrd na Gàidhlig, a' phrìomh bhuidheann leasachaidh poblach an Alba a tha a' comhairleachadh an Riaghaltais air gnothaichean Gàidhlig agus gu sònraichte foghlam, air a' bhileag fhoillseachadh a thoirt barrachd fiosrachaidh do phàrantan mu na cothroman a tha an lùib na Gàidhlig aig gach diofar ìre de dh'fhoghlam ann an Alba. Bidh a' bhileag cuideachd na chobhair do luchd-ionnsachaidh feuch dè mar ba thèid aca fhèin air deagh shlighe fhuasgladh airson tighinn gu fileantachd air an dòigh as fhasa agus as èifeachdaiche.

A' bruidheann aig an fhoillseachadh, thuirt Rosemary Nic a' Bhàird, Leasaiche Foghlaim agus Ionnsachadh a' Bhùird, " 'S e th'air cùl na tha sinn a' dèanamh an iomairt agus am fòcas a th'againn a nis air a bhith a' fàs àireamhan luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, agus a' lorg ginealach ùr de luchd-labhairt. Tha e gu math follaiseach dhan h-uile duine cho cudromach sa tha an dachaigh ged tà, agus cuideachd aoisean ro-sgoile. 'S e a tha sinn a' feuchainn ri dhèanamh mar a tha sinn a' dol air adhart a bhith a' togail air an fhiosrachadh a tha sinn a' tabhann do phàrantan ach am bi iad a' breithneachadh air cùisean agus roghainnean gu fiosrachail nuair a tha iad a' cothromachadh gach slighe a tha romhpa dhan cuid chloinne. Tha a' bhileag seo na toiseach-tòiseachaidh ann a bhith 'gan stiùireadh air an t-slighe, 'gan treòrachadh gu barrachd fiosrachaidh agus stiùireadh fhaotainn ann an àiteachan eile."

Tha fiosrachadh anns a' bhileig ann an Gàidhlig agus am Beurla air eachdraidh agus cothroman foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig, trusadh luchd-teagaisg, cothroman ionnsachaidh do dh'inbich agus Gàidhlig aig ìre FE agus Àrd-fhoghlam.

Thuirt Jo NicDhòmhnaill, ball de Sgioba Taic Stiùiridh Eadar-amail a' Bhùird: "Cha robh riamh uibhir de fhèill air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus tha iomadach gnothach an lùib sin air am feum sinn coimhead. 'S ann anns an dachaigh agus air foghlam ro-sgoile a dh'fheumas ar fòcas a bhith ged tha ma tha sinn gu bhith a' fàs àireamhan de luchd-labhairt.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Feumaidh fiosrachadh bunaiteach a bhith aig pàrantan mu na cothroman a tha romhpa agus na cothroman cosnaidh is slighean foghlaim a th'ann dhan cuid chloinne ma roghnaicheas iad foghlam Gàidhlig. Tha am Bòrd air leth toilichte a bhith a' foillseachadh na bileig seo mar phàirt de Mhòd na Cloinne, agus gu seachd àraidh seach gu bheil am program ionnsachaidh do chloinn anns a' bhun-sgoil (GLPS) air a bhith cho soirbheachail an seo anns an Òban."

Tha tuilleadh leth-bhreacan dhen bhileig ùr rim faotainn bho Bhòrd na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG LAUNCHES EDUCATION INFORMATION LEAFLET

13 October 2009

A new bilingual leaflet explaining the success and benefits of Gaelic education in Scotland has been launched at the Royal National Mod in Oban.

Bord na Gàidhlig, the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic development and providing advice to Scottish Ministers on Gaelic issues including education, is making the leaflet available to inform parents of the opportunities which exist at all levels of the Scottish educational system. The leaflet will also help learners of Gaelic identify ways in which they can enhance their language learning and oral skills with a view to fluency in the shortest time possible.

Speaking at the launch of the leaflet, the Bòrd's Education Director Rosemary Ward said: "The background to the leaflet is the current campaign and focus on creating a new generation of Gaelic speakers. Clearly, the opportunities to learn the language start in the home and then in the pre-schooling period. What we are endeavouring to do as we go forward is strengthen the knowledge base and information available to parents who may be weighing up the possibilities for their children. The information is a start in helping them get to that information and pointing them in the right direction, should parent wish more information or guidance on the best way forward."

The leaflet has information in Gaelic and English on the background and current availability of Gaelic medium education, teacher recruitment learning for adults and Gaelic education at FE and Higher levels.

Jo MacDonald, a member of the Bòrd na Gàidhlig Interim Support Team said: "The demand for Gaelic medium education has never been higher and there are many challenges that we have to plan for. The key focus remains on the home, however, and the pre-school ages which are crucial to our efforts to grow the number of Gaelic speakers. Parents need to be well informed about the options available and the career paths and job opportunities which could result from choosing to take a Gaelic pathway. The Bòrd is delighted to be launching the leaflet as part of the Children's Mod, and particularly as the Gaelic Language in the Primary School (GLPS) programme has been extremely successful here in Oban."

Copies of the new leaflet are available at the Mod or may be obtained from Bòrd na Gàidhlig.